



Àrd-sgoil Phort Rìgh



Fàilte
Leabhran fiosrachaidh
do Sgoilearan As1

2018-2019



Duilleag**Clàr-innse**

- | | |
|----|---|
| 3 | Fàilte bho Cheannard na Sgoile |
| 4 | Plana na sgoile |
| 6 | An latha-sgoile agus clàr-àma |
| 7 | Cuspairean As1, taic le obair agus luchd-taic |
| 8 | Ceistean cumanta à sgoilearan Prìomh 7 |
| 11 | Sgeama Molaidh <i>Aim Skye High</i>
Dè thachras nuair a thadhaileas Prìomh 7 air an sgoil? |
| 12 | Cinn-latha teirm agus shaor-làithean |
| 13 | Ceistean cumanta |
| 15 | Lethbhreac den chlàr-àma dhut fhèin |



Deiseil is deònach!



An t-Eilean Sgitheanach

PORTREE HIGH SCHOOL
Viewfield Road
PORTREE
Isle of Skye
IV51 9ET
Phone/Fon - 01478 614810
Fax/Facs – 01478 614839
E-mail: portree.high@highland.gov.uk

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Fàilte gu Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Bheir an leabhran seo fiosrachadh mu Àrd-sgoil Phort Rìgh dhuibh fhèin agus do ur pàiste a tha air Prìomh 7 no a tha air tighinn às ùr bho sgoil eile.

Tha sinn a' creidsinn gu mòr ann an co-oibreachadh eadar sgoilearan, pàrantan, luchd-obrach, na sgoiltean eile san sgìre againn agus leis a' choimhearsnachd ionadail. Le bhith a' togail air na ceanglaichean sin, tha sinn ag obair gu cruaidh air a bhith a' tabhainn teagastg agus ionnsachadh aig an ìre as àirde do ur pàiste gus an ruig iad an ceann-uidhe air a bheil iad ag amas aig a' cheann thall. Tha sinn gu math moiteil às an sgoil againn agus tha e cudromach dhuinn àrainneachd mhisneachail a chruthachadh agus a chumail san sgoil.

Tha conaltradh air leth cudromach dhuinn. Tha sinn a' cumail fios ri pàrantan tro làrach na sgoile, tro chuairt-litrichean cunbalach, do dh'fheasgaran fosgalte agus tro Chomhairle Phàrantan na Sgoile a tha an còmhnaidh trang ag obair do mhaith na sgoile agus nan sgoilearan. Airson dèanamh cinnteach gum faigh pàrantan fios mu thachartasan cudromach, cuiridh sinn cuideachd teacsainchean dhachaigh gu math tric.

Tha sinn airson 's gum bi sibh a' faireachdainn mar phàirt den sgioba agus tha sinn a' coimhead air adhart ri ceanglaichean fada, toilichte ribhse agus ri ur pàiste aig Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Leis gach deagh dhùrachd

Catherine A. MacDonald.


C A NicDhòmhnaill
(Ceannard na Sgoile)

Miss C A MacDonald
Head Teacher/Ceannard





Àrd sgoil Phort Rìgh: Plana na Sgoile

An lobhta-làir



A' chiad làr



An dara làr

Fàilte oirbh!

Chaidh an leabhran seo a sgriobhadh airson cuid de na ceistean as cumanta a chaidh fhaighneachd le sgoilearan ùra a fhreagairt.

Ciamar a bhios fios agam càit an tèid mi?

Clàr-àma Làitheil

Diluain gu Diardaoin:

Dihaoine:

(Biadh meadhan-là airson falbh
agus biadh teth a bharrachd aig àm fois)

Tràth	Diluain gu Diardaoin	Tìde (mion)		Tràth	Dihaoine	Tìde (mion)
1	8.50-9.40	50		1	8.50-9.40	50
2	9.40-10.30	50		2	9.40-10.30	50
Àm fois 10.30-10.45				Àm fois 10.30-10.45		
3	10.45-11.35	50		3	10.45-11.35	50
4	11.35-12.25	50		4	11.35-12.25	50
5	12.25-13.15	50		5	12.25-13.15	50
Àm dinneir 13.15-2.00						
6	14.00-14.50	50				
7	14.50-15.40	50				

(Faic Duilleag 15 airson lethbhreac eile den chlàr-àma).

Cluinnear clag rabhaidh trì mionaidean mus tòisich an sgoil sa mhadainn agus feasgar. Bu chòir dhut falbh chun a' chlas agad nuair a chluinneas tu e.

Gheibh thu clàr-àma a sheallas dhut dè an cuspair a tha agad gach tràth agus far am bi agad ri dhol airson sin. Tha am fiosrachadh air a' chlàr-àma gu math cudromach – feuch gun cùm thu sàbhailte e nuair a tha thu a- staigh còmhla rinn san Ògmhios.

Dè na cuspairean a nì mi air a' chiad bhliadhna?

Seo liosta de na cuspairean uile a bhios a' nochdadhbh a' chlàr-àma agad agus cia mheud turas san t-seachdain a gheibh thu an cuspair sin.

Cuspair	Àireamh de thràithean gach seachdain
Beurla	4
Matamataig*	5
Saidheans*	3
Fraigis	3
Gàidhlig*	3
Cuspairean sòisealta:	4
Cruinn-eòlas/ Eachdraidh */	
Nuadh-eòlas*	
Spòrs	2
Ealain	1.5
Creideamh	1
Eaconamas-dachaigh*	1
Teicneòlas	1
Ceòl	1.5
Eòlas Pearsanta agus Sòisealta (EPS)*	1
Àm taic agus clàraidh*	1
Ceumannan cudromach	1

*Gheibhear na cuspairean seo tro mheadhan na Gàidhlig.

Cò na tidsearan a bhios agam?

Bidh tidsearan eadar-dhealaichte agad airson gach cuspair agus mar sin, chì thu cuid dhiubh na bu thrice na cuid eile. A bharrachd air na tidsearan chuspaireil agad, bidh tidsear taic agad. Tha iadsan ann airson stiùireadh, cuideachadh agus taic a thoirt dhut tro na bliadhnaichean sgoile agad. Ma tha piuthar no bràthair agad san sgoil mar-thà, dh'fhaodadh an aon tidsear taic a bhith agaibh.

Àm taic agus clàraidh

Gach seachdain, gheibh thu aon leasan còmhla ris an tidsear clàraidh agad. Am measg rudan eile, bidh thu a' coimhead air sgilean ionnsachaidh agus air buannachd fharsaing. Bheir an tidsear clàraidh taic dhut sùil a chumail air d' adhartas agus mar a tha a' dol dhut san sgoil. Bidh thu cuideachd a' frithealadh choinneamhan agus a' faighinn fios mu thachartasan gus an tèid agad fhèin air pàirt a ghabhail annta. Bidh co-chruinneachaidhean agus farpaisean an aghaidh chlasaichean eile a' tachairt aig an àm seo.

Tidsearan Taic na Sgoile

Glàmaig	A' Bh. Uas. S. NicCarmaig (an tidsear taic agadsa)
Màrsco	Mgr N. Burrows
Tianabhaig	A' Bh. Uas. D. NicLeòid
Taic Ionnsachaidh	Dreuchd bànn an dràsta

Seo cuid de na ceistean a chaidh fhaighneachd le sgoilearan P7 roimhe:

Am bi mi san aon chlas ri mo charaidean?

Chan eil e an còmhnaidh furasta do chuir anns an aon chlas ri do charaidean. Ach na gabh dragh, chì thu iad aig àm fois agus àm dinneir gach latha. Bidh tòrr sgoilearan eile a' faireachdann an aon rud agus chan fhada gus am fàs thu eòlach orrasan.

Dè tha G, M agus T a' ciallachadh?

Tha an sgoil air a roinn ann an 3 buidhnean no taighean: **Glàmaig**, **Màrsco** agus **Tianabhaig**. Mar as trice, bidh thu san aon taigh ri do bhràthair no do phiuthar. Tha an aon tidsear taic aig a h-uile duine san taigh agadsa. Bidh an taigh agad uaireannan a' gabhail pàirt ann am farpaisean airson carthannas no airson beagan fealla-dhà. Bidh thusa ann an Glàmaig – taigh na Gàidhlig.

Ciamar a phàigheas mi airson biadh?

Nuair a thig thu don sgoil, gheibh thu cairt Young Scot. Cleachdaidh tu a' chairt airson biadh a cheannach aig àm fois no aig àm dinneir. Cuiridh tu airgead don inneal san àite-shòisealta no air-loidhne aig an taigh. Gus an tig a' chairt, gheibh thu àireamh PIN airson airgead a chur air a' chairt agad.

A bheil cur-seachadan sam bith ri dhèanamh san sgoil?

Tha tòrr chur-seachadan a' dol air adhart aig àm dinneir no an dèidh na sgoile. Cluinnidh tu mu na diofar rudan nuair a thig thu don àrd-sgoil. Dh'fhaodadh tu a dhol an sàs ann an ruith, ball-coise, iomain agus dannsa am measg rudan eile. Uaireannan, gheibh thu cead siubhal air bus nas fhaide air an latha airson pàirt a ghabhail ann an cuid de chur-seachadan an dèidh na sgoile.

Am faod mi a dhol a-mach às an sgoil aig àm dinneir?

An dèidh an Dàmhair, bidh cead agad a dhol sìos am baile aig àm dinneir. Tha roghainn farsaing de bhiadh ann an taigh-bìdh na sgoile agus faodaidh tu seo ithe san àite fhèin no faodaidh tu a thoirt air falbh.

Am bi na sgoilearan as sine ri burraidheachd?

Cha bu chòir burraidheachd a bhith a' dol air adhart idir. Ma tha an leithid de rud a' tachairt, feumaidh tu innse do chuideigin – do charaid (budaidh) air an t-siathamh bliadhna, an tidsear taic agad no tidsear sam bith eile.

Dè mu mhodh air busaichean na sgoile?

Tha Sàr-sgoilearan siubhail air, cha mhòr, a h-uile bus agus ma tha duine sam bith mì-mhodhail air a' bhus, innsidh na sàr-sgoilearan do dh'iar-cheannard na Sgoile agus déiligidh iadsan ri dragh sam bith. Air a' chuid as mothà de bhusaichean, tha planaichean suidhe ann agus bidh na sàr-sgoilearan a' dèanamh cinnteach gu bheil gach duine san àite cheart. Mar as trice, suidhidh sgoilearan air a' chiad bhliadhna faisg air aghaidh a' bhus. Fuirichidh gach sgoilear anns an t-suidheachan aca agus feumaidh iad an crios-sàbhailidh aca a chleachdadadh fad an t-siubhail air a' bhus.

Cò na budaidhean no na caraidean againn air an t-siathamh bliadhna?

Tha na budaidhean air an t-siathamh bliadhna agus bheir iad cuideachadh dhut eòlas a chur air an àrd-sgoil. Thig iad gu tric don chlas agad aig toiseach gnothaich agus freagraidh iad ceistean sam bith a th' agad. Bidh iad cuideachd mun cuairt aig àm fois agus àm dinneir ma tha thu ag iarraidh bruidhinn riutha no ma tha dad a' cur dragh ort. Coinnichidh tu ris na budaidhean air na Làithean Fosailte anns an Ògmhios.

Dè bu chòir dhomh a chur orm don sgoil?

Tha e cudromach dhuinn gum bi gach sgoilear a' cumail ri còd-èididh na sgoile agus tha sinn an comain phàrantan airson taic a thoirt dhuinn ar n-amasan a choileanadh a thaobh seo. Tha sinn airson 's gum bi na leanas air sgoilearan:

- Seacaid dhubh no geansaiddh (le amhach V) no càrdagan airson a' mhòr-chuid de sgoilearan. Cosgaidh sàr-sgoilearan seacaid mharun le brèid bhuidhe oirre.
- Lèine gheal agus tàidh sgoile
- Briogais dhubh spaideil (chan eil e ceadaichte 'denim' no briogais spòrs a chosg)
- Brògan spaideil dubha

Tha cead agad seacaidean/còtaichean a chosg airson tighinn don sgoil/a dhol a-mach às an sgoil ach cha bhi cead agad an t-seacaid mhòr a chumail ort sa chlas. Bu chòir dhut do sheacaid a stòradh sa phreasa ghlaiste agad tron latha.

Dè na rudan a dh'fheumas mi a thoirt leam don sgoil san Lùnastal?

Airson cuid de chuspairean, gheibh thu leabhraichean-sgrìobhaidh no leabhraichean eile. Bu chòir dhut còmhdaidh a chur air gach leabhar, d' ainm a chur air an aghaidh agus bu chòir dhut do leabhraichean a ghiùlan ann am baga, math làidir. Tha e cudromach gu bheil rian agad air do leabhraichean agus gun toir thu an stuth ceart don sgoil air an latha cheart. Bu chòir dhut peansailean, pinn, rubairean agus rùlair a thoirt leat don sgoil. Bhiodh pocapeansail feumail airson na rudan seo a ghiùlan. Air cuid de làithean, feumaidh tu d' aodach-spòrs a thoirt leat: briogais-ghoirid, lèine-T agus brògan spòrs. Faodaidh tu seo a chumail sa phreasa ghlaiste agad tron latha. Tha cead agad briogais spòrs fhada a chosg airson obair a-muigh ann am mìosan a' gheamhraig. Dèanamh cinnteach gun cuir thu d' ainm air gach rud agus cuimhnich cuideachd airgead no biadh a thoirt don sgoil airson grèim-bidh fhaighinn aig àm dinneir.

Dè bu chòir dhomh a dhèanamh ma thèid mi air chall?

Na gabh dragh! Ged a tha coltas air an sgoil gu bheil e furasta a dhol air chall, chan fhada gus am fàs thu eòlach oirre agus bheir duine sam bith cuideachdadh dhut. Gu math tric, tha tòrr dhaoine eile a' dol don chlas agad aig an aon àm agus mar sin, cha bhi thu leat fhèin! Thoir sùil air a' chlàr-àma agad airson faicinn dè an clas a th' agad agus cuidichidh duie sam bith thu an clas agad a lorg.

Dè bu chòir dhomh a dhèanamh ma tha agam ri bhith far na sgoile?

Bu chòir do phàrant no neach-cùraim fios a chur don sgoil ma tha thu gu bhith far na sgoile. Tha siostam fios againn airson fios fhàgail aig pàrant nach do nochd sgoilear san sgoil. Chan fhaigh pàrant/luchd-cùraim seo ma tha fios aig an sgoil mar-thà nach eil thu gu bhith a-staigh. Nuair a thilleas tu don sgoil feumaidh tu nota a thoirt don sgoil a dh'innseas carson a bha thu far na sgoile no feumaidh do phàrant fòn no post-d a chur thugainn. Ma tha thu gu bhith far na sgoile airson barrachd is seachdain, mura h-eil thu ro thinn, bu chòir dha do phàrantan fios a chur don Tidsear Taic agad airson obair-dachaigh bho do thidsearan a chur air dòigh.

Dè bu chòir dhomh a dhèanamh ma tha mi a' faireachdainn tinn tron latha?

Ma tha thu a' faireachdainn tinn ann an clas, cuir fios gu do thidsear. Mura h-eil thu gu math, cuiridh an tidsear chun na h-ofis-fàilteachaidh thu. Mura h-eil thu gu math aig àm fois no aig àm dinneir, faodaidh tu fhèin fios a chur chun na h-ofis-fàilteachaidh. NA TÈID DHACHAIGH AGUS NA CUIR FIOS GU DO PHÀRANTAN AIRSON DO THOGAIL. NÌ AN OIFIS SEO MA BHIOS AGAD RI DHOL DHACHAIGH.

Dè nì mi ma chailleas mi am bus dhachaigh?

Chan fhalbh na busaichean airson deich mionaidean an dèidh don sgoil a dhùnad agus mar sin, bu chòir ùine gu leòr a bhith agad am bus agad a lorg aig deireadh an latha. Ma thèid rudeigin ceàrr agus ma dh'fhalbhas am bus as d' aonais, cuiridh fios don luchd-obrach aig an deasg-fàilteachaidh. Na gabh dragh – nì sinn cinnteach gun tèid gnothaichean a chur air dòigh dhut.

Am bi an obair-sgoile doirbh?

Tha a' mhòr-chuid de sgoilearan math air cuid de rudan agus chan eil iad cho math air rudan eile. Tha na tidsearan san àrd-sgoil cleachdte ri bhith a' teagasc chlasaichean anns a bheil sgoilearan aig tàrr dhiofar ìrean. Ann an cuid de chlasaichean bidh an tidsear clas agus neach-taic eile. Bidh na tidsearan agad a' feuchainn ri bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an obair aig an ìre cheart dhut – gun a bhith ro dhoirbh no ro fhurasta. Feuch gun déan tu do dhìcheall agus gun obraich thu gu cruidh.

Am bi preasa glaiste agam?

Bhon Lùnastal, bidh preasa glaiste agad far an cumhachadh agad tron latha. Bidh agad ri £5 a phàigheadh airson iuchair fhaighinn. Nuair a dh'fhàgas tu an sgoil air AS4, 5 no 6, gheibh thu £5 air ais cho fad 's a chuireas tu an iuchair air ais.

Am faigh mi obair-dachaigh?

Gheibh. Gheibh thu planair san Lùnastal airson cuideachadh a thoirt dhut cuimhneachadh cuin a dh'fheumas obair-dachaigh a bhith a-staigh agus dè th' agad ri dhèanamh.

Poileasaidh Modh na Sgoile

Gheibh thu barrachd fios mun seo nuair a thig thu a choimhead oirnn san Ògmhios.

Sgeama Molaidh Aim Skye High

Tha an sgeama molaidh againn ag aithneachadh deagh obair bho sgoilearan air gach bliadhna gach tearm. Bidh sgoilearan modhail, èasgaidh a tha ag obair gu cruaidh no a tha an sàs gu mòr ann am beatha na sgoile agus beatha na coimhearsnachd air an clàradh leis an tidsear. Gach turas a thèid sgoilear a chlàradh, gheibh e/i comharrra. Thèid sùil a chumail air an àireamh de chomharran a gheibh gach sgoilear gach tearm.

Am Faigh mi Leabhar-chrome?

Gheibh. Bidh a h-uile sgoilear a-nis a' deachdad leabhraichan chrome mar inneal-taic a chuireas ris an ionnsachadh aca san sgoil. Goirid as dèidh töiseachadh san Lùnastal thèid leabhar-chrome a thoirt dhan a h-uile sgoilear air A.S.1. Thèid aig a'chuid as mothà de sgoilearan an toirt dhachaigh airson obair-rannsachaidh agus obair-dachaigh, fhad's a lìonas tu fhèin agus do phàrantan aonta air mar a chleachdas tu e agus gum faigh thu cùis freagarrach airson na leabhar-chrome a chumail sàbhailte.

Dè na duaisean a tha rim faighinn?

Aig deireadh gach teirm, gheibh triùir sgoilearan air gach bliadhna eàrrlas bho Amazon: Duais òir de £20, duais airgid de £15 agus duais umha de £10. Cò nach cuireadh feum air beagan a bharrachd airgid?



Dè thachras air na Làithean Fosgailte air Diciadain 20, Diardaoin 21 agus

Dihaoine 22 An t-Ògmhios?

Nuair a thig thu a-steach air a' chiad mhadainn, coinnichidh sgoilearan P7 san ionad shòisealta. Nuair a dh'fhalbas an clag, bu choir dhut a dhol gu Ionad Fhinn (Am Venue) far an tèid do chuir ann an clasaichean agus far an coinnich thu ris an Tidsear Taic agad, agus ri cuid de na Budaidhean As6.

Gheibh thu clàr-àma airson nan làithean fosgailte agus leanaидh tu an clàr-àma seo. Coinnichidh tu ris na sgoilearan eile agad sa chlas agus ri cuid de na tidsearan ùra agad a bharrachd air a bhith a' faighinn fios mu na diofar chlasaichean agad. Aig àm fois agus àm dinneir, bidh roghann de bhiadh ann an taigh-bìdh na sgoile no faodaidh tu biadh a thoirt bhon taigh ma 's e 's fheàrr leat. 'S dòcha gum bi cothrom agad cur-seachad no dhà fheuchainn aig àm dinneir cuideachd.

Thèid an sgoil ùr a shealltainn dhut agus coinnichidh tu ri cuid de na tidsearan agad. Bheir seo tuairmse dhut cò ris a bhios gnothaichean coltach nuair a thilleas tu san Lùnastal. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu na Làithean Fosgailte a sgaoileadh don bhun-sgoil agad aig toiseach an Ògmhios. Tha sinn an dòchas gu bheil sinn air cuid de na ceistean agad a fhreagairt. Bidh cothrom eile agad barrachd cheistean fhaighneachd nuair a thadhlaileas tu air an sgoil. Nuair a thòisicheas tu san Lùnastal, gheibh thu barrachd fiosrachaidh. Gheibh thu cuideachd planair-sgoile anns am bi fiosrachadh feumail agus plana den sgoil.



Tha sinn uile a' coimhead air adhart ri bhith a' coinneachadh riut agus tha sinn an dòchas gu bheil thu a' coimhead air adhart ri bhith nad sgoilear ann an Àrd-sgoil Phort Righ.

LÀITHEAN-SAOORA NA SGOILE – CÙM AM FIOS SEO RI LÀIMH

Tha cinn-latha nan làithean-saora a' nochdadh anns an iris sgoile againn, Skyelines agus nochdaidh iad cuideachd air làrach na sgoile:

<http://www.portreehigh.hightland.sch.uk>.

Gheibhearr na cinn-latha air làrach Comhairle na Gàidhealtachd:

<http://www.highland.gov.uk/learninghere/schools/schooltermdates>

CINN-LATHA NAN SAOR-LÀITHEAN 2018-2019

A' fosgladh	A' dùnad
Diluain 20 An Lùnastal 2018 (luchd-obrach a-mhàin)	
Dimàirt 21 An Lùnastal 2018 (sgoilearan)	Dihaoine 12 An Dàmhair 2018
Diluain 29 An Dàmhair 2018	Dihaoine 21 An Dùblachd 2018
Diluain 7 Am Faoilleach 2019	Dihaoine 5 An Giblean 2019
Dimàirt 23 An Giblean 2019	Diardaoin 4 An t-luchar 2019

Notaichean:

1. Tha dà latha dheth againn sa Ghearran 2019: Diluain 18 An Gearran agus Dimàirt 19 An Gearran.
2. Saor-làithean a bharrachd: Dihaoine na Ceusta (19 Am Màrt 2019) Diluain na Càisge (22 Am Màrt 2019) agus Latha Buidhe Bealltainn (Diluain 6 An Cèitean 2019).
3. Làithean Ion-sheirbheis: Diluain 20 An Lùnastal 2018, Diluain 17 An t-Sultain agus Dimàrt 18 An t-Sultain 2018, Diciadain 20 An Gearran 2019 agus Diluain 3 An t-Ògmhios 2019.



Tha sinn uile feumach air beagan fois cuideachd!



Faodaidh tu na duilleagan seo a chleachdadh airson ceistean sam bith a th' agad a sgriobhadh deiseil airson faighneachd nuair a thig thu a thadhail oirnn.



Faodaidh tu na duilleagan seo a chleachdadh airson ceistean sam bith a th' agad a sgriobhadh deiseil airson faighneachd nuair a thig thu a thadhail oirnn.